

Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd
Press Release



Please scroll down for English Version

Co-labhairt Ceannardan Sgoile a' togail air riathanas com-pàirteachais

09 An Dùbhlachd 2011

Ghabh ceannardan sgoile a' chiad cheum an t-seachdain-sa a dh'ionnsaigh lionra nàiseanta a chruthachadh a bhios ag amas air taic a chur ri foghlam tro mheadhan na Gàidhlig ann an Alba. Aig a' cho-labhairt ann an Inbhir Nis, a' chiad cho-labhairt de dhà air aoigheachd bho Bhòrd na Gàidhlig, chuir ceannardan air feadh na dùthcha taic ris a' mholadh a bhith a' coinneachadh gu cunbhalach, mar oidhirp air an roinn a chuideachadh 's a neartachadh, agus a tha air a mholadh ann an aithisg HMle "Gaelic Education: Building on the successes, addressing the barriers" a thàinig a-mach o chionn ghoirid.

Bha na ceannardan a' cuimseachadh air an dòigh as fheàrr air taic feumail fhaotainn do theagasg na Gàidhlig sna sgoiltean agus cudromachd foghlam tron Ghàidhlig a dhaingneachadh a thaobh suidheachadh seasmhach don Ghàidhlig a chruthachadh mu choinneamh an àm ri teachd, a thuilleadh air soilleireachadh air na bunnachdan dearbhte inntinneil a tha an lùib dà-chànanas. A' fosgladh an tachartais, rinn an Dr Alasdair Allan BPA, Ministear Riaghaltas na h-Alba le dleastanas airson Ionnsachadh is Sgilean, mìneachadh air cho fìor bhunaiteach 's a tha foghlam Gàidhlig do bhith a' cruthachadh tèarainteachd don chànan ann an Alba sna bliadhnaichean a tha romhainn. Thuirt e, "Tha ceannardas làidir na phàirt dheatamach de liubhairt foghlaim ann an Alba agus tha mi air leth toilichte fhaicinn gu bheil Bòrd na Gàidhlig a' stiùireadh tachartas a tha air a leithid sin de phrìomh luchd-compàirt a thoirt cruinn còmhla.

"Tha Foghlam Alba a' gabhail ris a' phàirt chudromach a tha aig ceannardan ann am foghlam tro mheadhan na Gàidhlig (FTG) agus sinn a' strì ri ginealach ùr de luchd-labhairt na Gàidhlig a thoirt gu buil. Le taic phoblach don Ghàidhlig aig ìre cho àrd, feumaidh sinn cothrom air FTG a leudachadh air feadh na dùthcha, agus tha mi an dùil 's an dòchas gun cuidich toradh na co-labhairt seo an-diugh le dealas Riaghaltas na h-Alba a dhaingneachadh a thaobh seasmhachd don Ghàidhlig san àm teachdail."

Thug am prìomh òraidiche, am Proifeasair Colin Baker à Oilthigh Bangor, taisbeanadh dìoghrasach seachad do bhuidheann de 35 neach, mu dheidhinn buannachdan conaltraidh is bith-litearrachd dà-chànanaise. Tha am Proifeasair Baker na ùghdar air sia leabhraichean deug agus air còrr is seasgad teacs eile a sgrìobhadh air dà-chànanaise agus foghlam dà-chànanaich. Bha an teachdaireachd aige a' cur gu mòr ris a' phrìomh theachdaireachd ann an iomairt nàiseanta geamhraidh Bhòrd na Gàidhlig, a tha ag adhartachadh foghlam tro mheadhan na Gàidhlig, Dà Chànan = Iomadh Cothrom. Seo a' chiad iomairt aig a' Bhòrd agus ged a tha e fhathast aig ìre thràth tha e air fios-air-ais deimhinneach a spreagadh.

Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd
Press Release



Thuir Màiri Nic Ille Mhaoil, Leasaiche Foghlaim is Ionnsachaidh aig Bòrd na Gàidhlig, “Tha an dreach Plana Cànan Nàiseanta Gàidhlig 2012 – 17 ag amas air an àireamh de sgoilearan tro mheadhan na Gàidhlig a dhùblachadh ro 2017. Gus an targaid seo a choileanadh, feumaidh sinn leantainn air adhart ag adhartachadh buannachdan dà-chànanaidh is foghlam tro mheadhan na Gàidhlig ann an Alba.

"Tha ar sgiobaidhean foghlaim is conaltraidh air a bhith ag obair gu dlùth ann an cruthachadh iomairt ùr, sa bheil prìomh theachdaireachdan a' libhrigeadh agus ag àrd-mholadh feartan dà-chànanaidh. Thathar an dòchas an iomairt seo a leudachadh agus a leasachadh sa Bhliadhna Ùr."

DEIREADH

Airson tuilleadh fiosrachaidh, cuiribh fios gu:

Steven MacIomhair, Oifigear Conaltraidh is Cùisean Corporra aig Bòrd na Gàidhlig.

Post-d: steven@gaidhlig.org.uk Fòn-làimhe: 07557 481 081

Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd
Press Release



Headteacher seminar highlights the need for partnership

09 December 2011

Head teachers took the first step this week towards creating a national network aimed at supporting Gaelic-medium education in Scotland. At the seminar in Inverness, the first of two hosted by Bòrd na Gàidhlig, head teachers from throughout the country backed a proposal to meet on a regular basis, in an effort to support and strengthen the sector as recommended in the recent HMIE report; "Gaelic Education: Building on the successes, addressing the barriers".

The head teachers focused on how best to access and develop practical support for Gaelic teaching in schools and reinforce the importance of Gaelic-medium education in creating a sustainable future for the Gaelic language as well as enforcing the proven cognitive benefits of bilingualism.

Opening the event, the Scottish Government Minister for Learning and Skills, Dr Alasdair Allan MSP, outlined how fundamental Gaelic education is to creating a secure future for the language in Scotland over the coming years. He said, "Strong leadership is a vital component of delivering education in Scotland and I am delighted to see Bòrd na Gàidhlig leading an event bringing such key figures together.

"Education Scotland have acknowledged the important role of heads in Gaelic-medium education (GME) as we seek to produce a new generation of Gaelic speakers. With public support for Gaelic at such high levels, we must increase the availability of GME around the country and I trust the outcome of today's conference will help cement the Scottish Government's commitment to a sustainable future for Gaelic."

Key speaker at the event, Professor Colin Baker of Bangor University, gave a passionate presentation to the 35 strong group about the communication and biliteracy benefits of bilingualism. Professor Baker is the author of sixteen books and over sixty other texts on bilingualism and bilingual education, with specific interests in language planning and bilingual education. His message very much supported the main message of Bòrd na Gàidhlig's national winter campaign which promotes Gaelic-medium education, *Dà Chànan = Iomadh Cothrom*, (*Two Languages = many opportunities*). The campaign is a first for the Bòrd and although is still in its early stages, has already sparked positive feedback.

Head of Education and Learning at Bòrd na Gàidhlig, Mary MacMillan said, "The draft National Gaelic Language Plan 2012 – 17 aims to double the number of pupils going through Gaelic-medium education by 2017. To achieve this target, we must continue to promote the benefits of Gaelic-medium education and bilingualism in Scotland."

"Our education and communication teams have worked closely in creating a new campaign which carries key messages extolling the virtues of bilingualism. It is hoped that this campaign will be extended and developed in the New Year."

ENDS

Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd
Press Release



For further information, please contact:

Steven MacIver, Communications and Corporate Affairs Officer at Bòrd na Gàidhlig.

E-Mail: steven@gaidhlig.org.uk Mobile: 07557 481 081